

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

Total

**1220/403**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2010

DIARDAOIN, 20 CÈITEAN  
10.50 AM – 11.30 AM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Sàr Ìre  
Leughadh

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu-hìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**

**Tha Pàirt 1 agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.**

**Tha Pàirt 2 agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.**



## EARRANN

### Pàirt 1

Bha dà thargaid nam amharc a-riamh bho bha mi nam phàiste – gum bithinn ainmeil agus gun dèanainn m' fhortan leis a' Chompanaidh Telebhisein agam fhìn a stèidheachadh. Aig sealbh a tha fios carson a b' e sin na dòchasan a bh' agam, ach b' e sin a chuir mi romham aig an àm. Gu ìre, chaidh mo mhian a choileanadh an t-seachdain sa chaidh ann an Glaschu nuair a bha cuirm fosglaidh na companaidh agam fhèin ann.

Air sgàth 's gun deach mo thogail ann an coimhearsnachd iomallach ann am baile beag air a' Gàidhealtachd, bha e cudromach dhomh gum biodh blas na Gàidhlig air a' mhòr-chuid de na prògraman a bhithinn a' dèanamh. 'S e sin a bha air cùl m' inntinn nuair a dhealbh mi a' chiad phrògram a chaidh fhoillseachadh aig a' chuirm. Feumaidh mi aideachadh gun robh am fìor thoiseach math dha-rìribh – le buidheann de dhaoine a' seinn “Seo mo Dhùthaich”, an t-òran ainmeil, ceòlmhor aig a' chòmhlán ‘Clìù’. 'S e a chòrd rium gun robh cuid de na seinneadairean aithnichte dhuinn uile ach gun robh gu leòr eile ann air nach robh sinn idir eòlach, clann òga nam measg. Nach sinne tha fortanach gu bheil an leithid ann 's gu bheil iad an dà chuid cho comasach, deònach agus cho toilichte pàirt a ghabhail ann an rudan mar seo. Fhad 's a bha na gaisgich seo a' seinn, bha bòidhchead ar dùthcha air a taisbeanadh aig an aon àm. Bha na seallaidhean as fheàrr den dùthaich rim faicinn air an cùlaibh, bho na bailtean gu na beanntan eireachdail, bho ghniomhachas Abhainn Chluaidh gu sìth nan Eilean Siar. Tha e coltach gun robh feadhainn a' sileadh nan deur gun nàire agus cha robh mi fhèin fada bhuaithe! Chan eil mi buileach cinnteach an e moit no faochadh a dh'adhbhraich sin dhomh-sa ge-tà.

'S e latha eachdraidheil dha-rìribh a bh' ann, ach, mar a tha an seanfhacal ag ràdh, “'S e obair latha tòiseachadh”. Gu dearbh, tha an obair chruaidh dìreach a' tòiseachadh a-nise. Ged a tha prògraman deiseil airson nam mìosan a tha romhainn, tha an t-uabhas de phlanadh, de dh'obair agus de dh'ullachadh fhathast ri dhèanamh airson a' chùis a chumail rèidh airson nam bliadhnaichean ri teachd. Ged nach eil mi fhathast air m' fhortan a dhèanamh, tha mi letheach slighe gu targaid làithean m' òige. 'S e an dòchas a th' agam a-nis gun lean mi orm gu bhith ainmeil airson na h-obrach a nì mi, chan ann airson nach bi cùisean a' dol gu soirbheachail mar a thèid mi air adhart!

Comharraidhean

**CEISTEAN**

1. (a) Cuin a thòisich an t-ùghdar a' beachdachadh air na bha e a' dol a dhèanamh le bheatha?

\_\_\_\_\_

**1**

- (b) Dè na h-amasan a bha aige?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**3**

2. (a) Càite an deach an sgrìobhadair a thogail?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

- (b) Dè a' bhuaidh a bh' aig an àite sin air obair an sgrìobhadair?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

3. Ciamar a dh'fhosgail a chiad phrògram?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

**[Tha ceistean 4, 5, 6, agus 7 air duilleag a ceithir**

Comharraidhean

4. (a) Dè chòrd ris an ùghdar gu sònraichte mu na seinneadairean?

---



---



---

3

(b) Innis gu mionaideach dè bha ri fhaicinn fhad 's a bha an t-seinn a' dol air adhart.

---



---



---



---

4

5. (a) Dè a' bhuaidh a bh' aig an fhosgladh seo air mòran?

---

1

(b) Dè a dh'aidich an t-ùghdar mu dheidhinn fhèin?

---

1

(c) Na bheachd fhèin, dè thug air a bhith a' faireachdainn mar seo?

---



---

2

6. Ciamar a tha an seanfhacal a chleachd an t-ùghdar aig toiseach an treas paragraf freagarrach airson suidheachadh na companaidh ùir?

---



---

2

7. Dè an ìre gus an deach aislingean òige an ùghdair a choileanadh?

---



---

2

(25)

**[Tionndaidh an duilleag airson Pàirt 2**

## Pàirt 2

Choinnich mi ri mòran dhaoine aig a' chuirn, nam measg feadhainn nach robh mi air fhaicinn airson ùine mhòr. Chòrd e gu sònraichte math rium còmhradh a dhèanamh ann an Gàidhlig ri Cailean, fear òg às a' bhaile agam fhèin a chaidh dhan aonad Ghàidhlig ionadail. Tha am fear seo a-nise fichead bliadhna a dh'aois agus tha mi toilichte a ràdh gu bheil e cho fileanta ann an Gàidhlig 's a dh'iarradh duine, ged nach robh facal Gàidhlig aig duine a bhuineadh dha. Saoilidh mi gu bheil seo na shanas math do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus gu dearbh don Ghàidhlig fhèin.

Ghabh gu leòr de dhaoine an cothrom bruidhinn rium tron fheasgar mun t-seòrsa phrògraman Gàidhlig a bu chaomh leotha fhaicinn air an telebhisean. A chionn gun robh beachdan cho soilleir agus cho tarraingeach aca, cha b' urrainn dhomh ach èisteachd ris a h-uile facal. Tha mi dìreach an dòchas gun do chùm mi cuimhne air na diofar mholaidhean a chaidh a thoirt dhomh. 'Nithear càrn mòr à clachan beaga', mar a chanas iad, agus bidh deagh stòras de phrògraman agam ma leanas mi ris na criomagan beaga de dh'iarrtasan a thug daoine seachad air an oidhche.

Bha cuid de dhaoine airson barrachd phrògraman còcaireachd mu bhiadh air a' Ghàidhealtachd fhaicinn agus bha feadhainn eile airson prògraman foghlaim fhaicinn a bheireadh dhaibh cothrom cànan ùr ionnsachadh fhad 's a bhiodh iad nan suidhe a' coimhead an telebhisein.

Ach, 's e beachd a nochd gu tric gun robh an òigridh airson barrachd phrògraman fìorachas, no *reality* mar a chanas iad anns a' Bheurla, fhaicinn air a' bhogsa. Ma tha sibh cho ciallach 's nach eil sibh eòlach air an t-seòrsa de phrògram seo, 's e an dòigh as fhasa a' chùis a mhìneachadh gu bheil daoine a chithear air an telebhisean a' dèanamh rudan a dhèanadh iad nam beatha làitheil. 'S cinnteach nach gabhadh seo dèanamh am measg nan Gàidheal! Tha saoghal na Gàidhlig cho beag 's gum biodh làn-eòlas againn air a h-uile duine a bhiodh a' gabhail pàirt ann. Ma tha sibh deimhinne gu bheil sibh airson fhaicinn dè tha ur nàbaidh, Nora, ris na beatha fhèin, carson nach dèan sibh mar a rinn ur pàrantan romhaibh agus cumaibh sùil bhiorach dhìomhair air na tha a' tachairt bho chùl nan cùrtairean. Bhiodh sin fada na bu shaoire na pàigheadh airson telebhisean mòr, ùr. Air an làimh eile, ma mholas mise an seòrsa dol a-mach sin, cha choimhead duine sam bith air na prògraman a nì mi agus an àite fortan a dhèanamh, 's ann a lorgas mi mi-fhìn ann an taigh nam bochd!

Comharraidhean

**CEISTEAN**

1. Dè chòrd ris an ùghdar mu chomas Chailein air Gàidhlig a bhruidhinn?

---



---

2

2. Dè an smuain a bha aig an ùghdar an dèidh dha bruidhinn ri Cailean?

---



---

2

3. (a) Dè bha daoine ag innse don ùghdar air an oidhche?

---



---

2

- (b) Dè shaoil an t-ùghdar mu na beachdan a bha aca?

---



---

2

4. Anns an t-seanfhaical a chaidh a chleachdadh san dàrna paragraf, dè tha an **càrn mòr** agus na **clachan beaga** a' samhlachadh?

---



---

2

5. Innis gu mionaideach mun t-seòrsa phrògraman a chaidh ainmeachadh anns an treas paragraf.

---



---

2

**[Tha ceistean 6, 7, 8, agus 9 air duilleag a seachd**

Comharraidhean

6. (a) Dè an seòrsa phrògraman a bhiodh an òigridh airson fhaicinn?

\_\_\_\_\_

1

(b) Saoil dè am beachd a tha aig an ùghdar air na prògraman seo?

\_\_\_\_\_

1

(c) Thoir adhbhar seachad a tha a' dearbhadh seo dhuinn.

\_\_\_\_\_

1

(d) Dè am fiosrachadh a tha an sgrìobhadair a' toirt dhuinn mun t-seòrsa phrògraman seo?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

7. Carson a tha an sgrìobhadair den bheachd nach biodh an seòrsa prògram seo freagarrach anns a' Ghàidhealtachd?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

8. Dè tha an t-ùghdar a' moladh gun dèan sinn an àite a bhith a' coimhead air na prògraman seo?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

9. An dèidh dha a bheachdan a chur an cèill, dè tha a' cur dragh air an ùghdar aig deireadh na h-earrainne?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

(25)

[50]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

Total  
Mark

--

**1220/408**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2010

DIARDAOIN, 20 CÈITEAN  
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Sàr Ìre  
Èisteachd (Ceistean)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Tha aon earrann anns an deuchainn.

Tha an earrann na dà phàirt.

Cluinnidh tu gach pàirt dà thuras.

An dèidh dhut gach pàirt a chluinntinn an dara turas, freagair na ceistean air a' phàirt sin.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh fhad 's a tha thu a' cluinntinn gach pàirt.

Sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**CEISTEAN**

**Pàirt 1**

1. (a) Cò bhios a' bruidhinn ri Ealasaid NicDhòmhnaill a h-uile seachdain?

\_\_\_\_\_

1

- (b) Dè bhios iad a' bruidhinn mu dheidhinn?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

2. Innis mu theaghlach Ùisdein.

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

3. Dè tha air a ràdh mu na daoine a bha sa choimhearsnachd anns an do thogadh Ùisdean?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

4. (a) Carson a chaidh Ùisdean gu Inbhir Nis 's e dà bhliadhna dheug a dh'aois?

\_\_\_\_\_

1

- (b) Ciamar a tha an turas gu Inbhir Nis air atharrachadh on a bha Ùisdean òg?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

- (c) Cuin a gheibheadh na sgoilearan dhachaigh?

\_\_\_\_\_

1

- (d) Ciamar a chòrd e riutha a bhith air falbh bhon dachaigh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

5. (a) Ciamar a tha fios againn gur e sgoilear comasach a bha ann an Ùisdean?

\_\_\_\_\_

1

(b) Carson a bha e airson a dhol air ais gu sgìre Loch Fada?

\_\_\_\_\_

1

(c) Càit an deach a bhràithrean 's a pheathraichean?

\_\_\_\_\_

1

6. Càit an do dh'fhuirich Ùisdean 's a bhean an dèidh dhaibh pòsadh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

7. Càit a bheil an teaghlach aige an-diugh?

\_\_\_\_\_

1

8. Carson a bha e doirbh bith-beò a dhèanamh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

9. Dè na h-obraichean a bha aig Ùisdean?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

(25)

**[Tionndaidh an duilleag**

**CEISTEAN**

**Pàirt 2**

1. (a) Dè am beachd a tha aig Ùisdean air an obair aige san latha an-diugh?

\_\_\_\_\_

**1**

(b) Cuin a leig Ùisdean seachad a dhreuchd?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

2. Dè tha aig Ùisdean air a' chroit?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

3. Dè nach eil a' còrdadh ri a bhean?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

4. (a) Carson a dh'fhàs cùisean a thaobh airgid na b' fheàrr anns na h-ochdadan?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

(b) Cò dh'fhàg taigh aig Ùisdean?

\_\_\_\_\_

**1**

(c) Dè na dòighean ùra a bha aig Ùisdean gus airgead fhaighinn?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**3**

5. (a) Am beachd Ùisdein, dè an rud a bu mhotha a thug buaidh air an sgìre na bheatha?

\_\_\_\_\_

1

(b) Dè a' chiad atharrachadh a thug sin?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

(c) Carson a bha Ùisdean tric ri bròn aig an àm sin?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

6. (a) Ciamar a thug na ceathradan buaidh air cultar an àite?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

(b) Innis mu na h-atharrachaidhean matha san sgìre anns na ceathradan.

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

(c) Dè chaill muinntir na sgìre aig an àm seo?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

(25)

[50]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**



**1220/409**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2010

DIARDAOIN, 20 CÈITEAN  
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Sàr Ìre  
Èisteachd (Earrann)

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



**Passage A should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)**

### EARRANN

**Tha Rèidio nam Beann a' craoladh ann an sgìre Loch Fada. Tha prògraman Gàidhlig aca gach oidhche Mhàirt. Tha e seachd uairean agus tha an luchd-èisteachd a' cluinntinn na leanas:**

#### Pàirt 1

*Fàilte oirbh gu ar prògram ùr: **Mar a Bha**. 'S mise Ealasaid NicDhòmhnaill. Ann am **Mar a Bha**, bidh cuideigin às an sgìre a' cèilidh oirnn a chòmhradh mu na làithean nuair a bha iad òg 's mu na h-atharrachaidhean a chunnaic iad tro na bliadhnachan. Tha mi fìor thoilichte a ràdh gur e Ùisdean MacCoinnich a tha againn a-nochd.*

*Uill, fàilte oirbh Ùisdein. Am faod mi faighneachd cuin a rugadh sibh?*

Faodaidh gu dearbh! B' ann sa bhliadhna naoi ceud deug agus trithead a rugadh mi. B' e mi fhèin a b' òige san teaghlach agus bha triùir pheathraichean agus ceathrar bhràithrean agam.

*Cò ris a bha e coltach a bhith a' fàs suas anns an sgìre seo anns na tritheadan?*

Uill, 's e taigh ùr a bha againn ach tha cuimhne agam air mo sheanair 's mo sheanmhair a bha fhathast a' fuireach ann an taigh dubh. Bha an sluagh a bha a' fuireach anns a' choimhearsnachd glè bhochd ach bha iad math air càch a chèile a chuideachadh.

Aig an àm sin, dh'fheumadh a' chlann a dhol a dh'Inbhir Nis aig dà bhliadhna dheug a dh'aois a chionn nach robh àrd-sgoil san sgìre anns na tritheadan. Anns na làithean sin, bheireadh e còig uairean a thìde siubhal a dh'Inbhir Nis — cha toir e ach uair a thìde gu leth san latha an-diugh. Mar sin, bha aig na sgoilearan ri fuireach sa bhaile mhòr fad an teirm agus chan fhaigheadh sinn dhachaigh ach aig na saor-làithean. Bha an cianalas oirnn uile aig an toiseach ach cha b' fhada gus an d' fhuair sinn eòlas air mòran charaidean ùa.

*Dè rinn sibh an dèidh dhuibh an sgoil fhàgail?*

Uill, dh'fhàg mi an sgoil aig còig bliadhna deug a dh'aois agus thill mi gu sgìre Loch Fada. Ged a bha mi nam dheagh sgoilear 's ged a bha cothrom agam a dhol dhan oilthigh, bha a' mhuir riamh gam tharraing dhachaigh. 'S e mi fhèin an aon neach nam theaghlach a dh'fhuirich san sgìre — ghluais an còrr dha na bailtean mòra mu dheas.

*Innsibh dhuinn beagan mu ur teaghlach.*

Uill, phòs mi Màiri nuair a bha mi ochd air fhichead agus dh'fhuirich sinn anns an t-seann dachaigh cuide ri mo phàrantan. Bha triùir chloinne againn a tha a-nise ag obair air feadh an t-saoghail.

*Dè an obair a bha agaibh?*

Cha robh e furasta bith-beò a dhèanamh a chionn nach robh mòran cosnaidh ri fhaighinn anns an sgìre. Bha mi riamh glè dhripeil eadar obair na croite, iasgach agus dràibheadh bhusaichean.

**After the second reading of Passage A, wait for 5 minutes, and then read Passage B.**

**Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)**

**Tha an còmhradh a' leantainn air adhart.**

## **Pàirt 2**

*Cuin a sguir sibh a dh'obair?*

Cha do sguir riamh . . . ach feumaidh mi aideachadh gu bheil m' obair nas coltaiche ri cur-seachad san latha a tha ann. Leig mi seachad m' obair phàighte o chionn còrr 's fichead bliadhna nuair a bha mi trì fichead bliadhna a dh'aois. Tha mi fhathast a' dèanamh beagan air a' chroit ged nach eil mi a' cumail an-diugh ach beagan chaorach agus aon bhò. Tha mi fhathast cuideachd glè dhèidheil air a bhith aig muir. Bidh mi a' dol leam fhèin a-mach air an eathar tric gu lèor, rud nach eil idir a' còrdadh ri Màiri!

Bha cùisean a' fàs na b' fhasa a thaobh airgid anns na h-ochdadan nuair a thòisich barrachd luchd-turais a' tighinn dhan sgìre. Gu fortanach, chaidh taigh fhàgail againn le bràthair m' athar agus bha sinn ga chur a-mach air mhàl tro mhìosan an t-samhraidh. Bha sinn cuideachd a' dèanamh leabaidh 's bracaist airson corra bhliadhna.

*Bu mhath leam aon cheist eile fhaighneachd san dealachadh. Nur beatha, 's iomadh atharrachadh a chunnaic sibh ach, nur beachd, dè an rud a bu mhotha a thug buaidh air a' choimhearsnachd seo?*

Uill, tha m' inntinn a' dol air ais gu 1939 agus an naidheachd gun deach an dàrna cogadh a ghairm. Taobh a-staigh mìos, bha an loch a' cur thairis le bàtaichean cogaidh. Bha an fheadhainn a bha air bòrd nan soithichean a' cur seachad tìde gu leòr air tìr. Dh'fhàs sinn glè eòlach air cuid dhiubh agus 's iomadh uair tro na bliadhnachan sin a chaidh ar cridheachan a leòn le naidheachd gun do bhàsaich duine aca.

Nuair a sguir an cogadh ann an 1945, bha an t-àite air atharrachadh gu mòr. Beag air bheag, bha barrachd Beurla 's cur-seachadan Gallta air tighinn a-steach dhan choimhearsnachd. Bha atharrachaidhean math ann gun teagamh — rathaidean ùra, deagh chidhe, stèisean trèana faisg air làimh . . . ach, chanainn gun do chaill sinn tòrr de na bha gar sònrachadh mar Ghàidheil.

*Uill, mòran taing gu dearbh, Ùisdein, airson tighinn a-steach a bhruidhinn rinn an-diugh. Bidh sinne air ais aig an aon àm an ath sheachdain.*

[CRÌOCH NAN EARRANN]

**[DUILLEAG FHALAMH]**